

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 2 | 2015 | AN GEARRAN

Facal Toisich

A' dlùthachadh ri àm na Nollaig fhuair am Fear-deasachaidh grunn leabhraichean a chòrd ris agus a thug deagh chur-seachad dha nuair a bha fois aige an dèidh nan làithean tranga. Mar sin anns an iris seo tha sinn a' dèanamh rannsachaidh air leabhraichean a thàinig am follais bho chionn ghoirid aig a bheil ceangal ris a' Ghàidhealtachd agus gu h-àraidh ris an Eaglais. Tha sgrìobhaichean Gàidhlig, leithid Mhailios Chaimbeil agus Aonghais Phàdraig Chaimbeil, agus tha an creideamh a' tighinn am barr anns na leabhraichean aca.

Anns na seann làithean bha sinn eòlach air leabhraichean Gàidhlig, gu h-àraidh leabhraichean cloinne, a bhith rud-eigin glas 'nan dreach agus dh'fhaodadh leabhar mòr tighinn a-mach gun fiù 's aon dealbh a bhith ann. Ach nar latha-ne tha e mòran nas fhasa agus nas saoire leabhraichean Gàidhlig a thoirt am follais a tha brèagha dathte agus tha iad glè tharraingeach 'nan cruth. Tha an clò a tha ann an leabhraichean an latha an-diugh furasta a leughadh agus tha e nas fhasa dealbhannan dathte a chur air na duilleagan.

Tha mòran dhaoine a bhios air an cuingealachadh rin dachaighean a chuireas luach air leabhar math, gu h-àraidh leabhraichean a tha cho inntinneach agus gum bi iad a' tilleadh thuca uair is uair. Anns a' bhliadhna a dh'fhalbh thàinig mòran leabhraichean on chlà a bhuineadh do dh'eachraidh agus do dhualchas nan Gàidheal.

'S toigh leam fhèin a bhith a' leughadh seann irisean, leithid nan *Duilleagan Gàidhlig*. Air cho tric agus gun leugh thu iad, gheibh thu rud-eigin ùr annta. Tha irisean agam a tha a' dol air ais iomadh bliadhna agus is iomadh latha sona a chuir mi seachad gan leughadh. Anns na seann *Duilleagan Gàidhlig* tha sgrìobhaidhean air leth tlachdmhor againn, searmoinean, laoidhean, naidheachdan o choitheanal, agus iomadh cuspair eile.

**Beannachd Dhè gu robh agaibh,
Ruairidh MacLeòid.**



Chan e eaglais a tha againn air a' mhìos seo, ach togalach far am bi daoine ag ùrnaigh agus ag adhradh. Seo Colaiste Diadhachd na Gàidhealtachd a tha suidhichte ann an Inbhir Pheofharain. Chaidh an t-ionad-foghlaim seo a stèidheachadh ann an 1994 agus tha e ceangailte ri Oilthaigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Thog Tormod MacLeòid an dealbh seo dhuinn.

Cùil nan Ceist

Air a' mhìos seo tha am Fear-deasachaidh ag innse mu chuid de na leabhraichean a thug tlachd dha aig àm nan Nollaig. An turas seo 's e ceistean mu leabhraichean air a bheil iomradh anns na Sgrìobtaran a tha againn. Gheibh sibh freagairt nan ceist anns a' chaibideil a tha air a h-ainmeachadh agus cuideachd air an duilleig-chùil.

1. Dè an leabhar a lorg Hilciah an t-àrd-shagart ann an taigh an Tighearna? (2 Rìgh, caibideil 22.)
2. Lìon a' bheàrn – "Bha leabhar ———-air a sgrìobhadh 'na làthair airson na muinntir air an robh eagal an Tighearna." (Malachi, caibideil 3.)
3. Dè an leabhar eile a chaidh fhosgladh? (Taisbeanadh, caibideil 20.)
4. Dè an leabhar a leugh Iosa anns an t-siogagog? (Lùcas, caibideil 4.)

Ainmeannan-àiteachan an Cinntìre



(Tha na leabhraichean a' cosg £5 an urra, saor leis a' phost. Tha iad rim faotainn o Aonghas Màrtainn, 13, Saddell Road, Campbeltown, Argyll PA28 6DN. Bu chòir seic a dhèanamh a-mach ann an ainm *Kintyre Antiquarian & Natural History Society*.)

Tha iomadh leabhar againn a tha a' dèiligeadh ri ainmeannan-àiteachan air a' Ghàidhealtachd. Thug na Lochlannaich ainm air mòran de na h-ainmeannan air an taobh an iar. 'S e ainmeannan Gàidhlig a tha air a' mhòr-chuid de na bailtean, na beanntan agus na h-aibhnichean a gheibhear chun an latha an-diugh anns an sgìrean anns an iar agus anns na h-eileanan. Tha ainmeannan Beurla againn air feadhainn de na h-àiteachan agus a' Ghàidhlig a' sìoladh às.

Tha na leabhraichean sin de dh'iomadh seòrsa. Tha feadhainn ann a chaidh a sgrìobhadh le sgoilearan Gàidhlig, leithid Uilleim Mhic Bhàtair, agus faodaidh sinn ar n-earbsa a chur air a' mhìneachadh acasan. Tha leabhraichean eile ann le ùghdaran aig nach eil cus buntanais ris a' Ghàidhealtachd no ris a' Ghàidhlig. Gheibhear anns na leabhraichean mìneachaidhean a tha annasach agus do-chreidsinneach.

Tha an sgrìobhaiche Aonghas Màrtainn air cuid mhath a sgrìobhadh mu ainmeannan nan àiteachan ann an Cinn Tìre far a bheil e fhèin a' fuireach. A-nis tha e air trì leabhraichean fhoillseachadh anns am bi ùidh aig daoine a bhios a' rannsachadh ainmeannan-àiteachan. Tha na tiotalan a tha air na trì leabhraichean ag innse dè na sgìrean air a bheil iad a' toirt tarraing - **Place-Names of the Parish of Killean and Kilchenzie**, **Place-Names of the Parish of Saddell and Skipness** agus **Place-Names of the Parish of Kilcalmonell**.

Bha ministear ann an Cinn Tìre, an t-Urr. Dòmhnall Iain Dòmhnallach, a rinn cruinneachadh feumail de dh'ainmeannan anns an sgìr anns an robh e fhèin a' saothreachadh. Tha Aonghas Màrtainn ag innse mar a chuir e luach air na sgrìobh an Dòmhnallach nuair a sgrìobh e na leabhraichean seo.

Bhuineadh Dòmhnall Iain Dòmhnallach do Bhaile nan Cailleach ann am Beinn na Fadhlà, far an do rugadh e ann an 1880. 'S i nighean ministear Uibhist a Deas, Seasaidh

Leabhraichean

Tha co-chruinneachaidhean feumail againn de laoidhean Gàidhlig, gu sònraichte eadar-theangachaidhean de dhàin a tha ainmeil anns a' Bheurla, a thàinig a-mach rè nam bliadhnan. Tha cuid de na leabhraichean sin nach eil ann an clò an-diugh, agus tha laoidhean ùra anns a' Ghàidhlig air nach do chuireadh dreach Gàidhlig. Nì muinntir na h-Eaglais toileachadh mòr ris an leabhar ùr seo. Tha e gu grinn air a chur ri chèile agus tha na dealbhannan brèagha dathte air feadh an leabhair a' cur ris an luach aige.

Tha ceud laoidh ann an *Seinneamaid Còmhla*. Nochd feadhainn dhiùbh ann an leabhraichean eile roimhe seo, ach tha mòran dhiùbh a tha ùr agus air an deagh eadar-theangachadh. Tha

Seinneamaid Còmhla

(£10. Ri faotainn o Carmina Gadelica, Armadale House, Port Rìgh.)

laoidhean beothail, leithid *Nuair chaidh Mi sìos dhan an Abhainn An-dè*, a chuala sinn air an ràdio a-nis air ar beulaibh air an duilleig. Tha beagan dhàn ann cuideachd a chuireadh an eagaibh a chèile an toiseach ann an Gàidhlig.

Ged a tha an sgioba dhìcheallach a chuir an leabhar ùr seo ri chèile an dòchas gum bi na laoidhean feumail gu h-àraidh do dh'òigridh, bidh tarraing aige do Ghàidheil aig a h-uile aois. Tha sinn an dòchas gum bi e air a chur gu feum ann an sgoiltean, ann an eaglaisean agus ann an dachaighean.

Ar taing agus ar beannachd aig an sgioba à eaglais Chille Mhoire agus aig gach neach a bha an sàs ann a bhith a' toirt laoidheadair cho feumail agus cho snasail thugainn.

NicGhilleathain, a bu mhàthair dha. Chaidh a phòsadh ri sgrì Chill Eathain agus Chill Choinnich ann an Cinn Tìre, a tha a' cumail crìche ri Ceann Loch Chille Chiarain, ann an 1880.

Chan e liosta lom tioram de dh'ainmeannan a tha againn anns na leabhraichean aig Aonghas Màrtainn idir. Ma tha beul-aithris no eachdraidh co-cheangailte ri ainm àite, gheibh sinn sin anns na leabhraichean aige. Tha an eachdraidh a' tighinn beò nuair a tha Aonghas ag innse mu na daoine a bha a' fuireach anns na h-àiteachan sin, griasaichean, òstairean, iasgairean, breabadairean, uachdarain. Tha an t-ainm aig cuid de na teachdairean a thàinig air tùs leis an t-Soisgeul gu cladaichean na Gàidhealtachd air an cumail air chuimhne ann an ainmeannan ann an Cinn Tìre, mar a tha, *Cill Mhaol Rubha* agus *Cille Mo Lùthaig*.

Tha na trì leabhraichean seo a' cur gu mòr ris an eòlas a tha againn air ainmeannan nan àiteachan a gheibhear ann an ceann a deas Earra Ghàidheal. Rinn Aonghas Màrtainn rannsachadh mòr agus domhainn ann a bhith a' cruinneachadh an fhiosrachaidh a tha againn anns na leabhraichean. Fhuair an t-ùghdar stiùireadh o Iain Friseal a tha cho mion-eòlach air ainmeannan nan àiteachan air feadh Alba, agus mar sin faodaidh earbsa a bhith againn anns a' mhìneachadh a tha e a' toirt seachad air ainm Gaidhlig.

(Tha na trì leabhraichean rim faotainn o Kintyre Antiquarian & Natural History Society ann an Ceann Loch Chille Chiarain.)

Anns an dealbh gu h-àrd chithear Amelia, nighean Aonghais Mhàrtainn, air mullach Cruach an Eich ann an sgrì Chill Eathain agus Chill Choinnich ann an Cinntìre, far an robh an t-Urr. Dòmhnall Iain Dòmhnallach 'na mhinistear. Tha Loch an Eich anns an sgrì cuideachd agus tha e coltach gu bheil an t-ainm ceangailte ri each-uisge.

Stòiridhean – 1

Air latha brèagha samhraidh chaidh Sara agus a dithis nighean a bha ochd agus deich don phàirc faisg air an dachaigh. Bha a' chlann-nighean air bhoil gum faigheadh iad a chluiche agus shuidh Sara air being faisg orra a choimhead na cloinn-nighean a' faighinn toileachais as na bha timcheall orra.

An ceann greis thàinig gille a bha mu naoi don phàirc agus cha robh e fada gun robh iad a' cluich còmhla. Cha robh Sara a' cluinntinn dad den chòmhradh, agus bhon a bha a' chlann dòigheil thug i a-mach leabhar agus thòisich i ga leughadh.

Cha robh fada gun do dh'èigh tè den chloinn-nighean oirre a thighinn a-nall far an robh iad a' cluich anns a' ghainmhich. Bha pìos fiodh caol aig gach duine aca agus sheall t den chloinn-nighean dha màthair rud a bha an gille air sgrìobhadh. *Chan eil claisneachd agam agus chan urrainn dhomh bruidheann ach 's e Dan an t-ainm a tha orm.*

Fo ainm Dan bha an dithis nighean air na h-ainmean aca fhèin a sgrìobhadh

Shìn Dan a-mach a mhaide gu màthair na cloinne agus sgrìobh i Mum fo ainm na cloinn-nighean. Thàinig fiamh mòr a' ghàire air aghaidh Dan. Thàinig smuain gu Sara agus bhon a bha rùm air fhàgail, bhos cionn nan ainmean sgrìobh i *Dia* agus thog i a làmh an àirde don iamailt.

Bha Dan air a dhòigh glan agus thog e a shùilean suas agus chuir e a làmh air a chridhe. An uairsin thog a am maide a-rithist agus rinn e cearcall timcheall air na h-ainmean aca agus shin e a-mach a làmh agus chuir e a làmh air gach duine ma seach, iad uile sàbhailte ann an cearcall gràdh Dhè.

Anns na sailm tha sinn a' leughadh, *O thugaibh buidheachas do Dhia nan namh oir gu bràth mairidh a thròcair.*

**Oighrig Fhearghasdan,
(A' Mhanachainn)**

Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaig airson a' mhìos seo: "Cha tàinig mise a ghairm nam fireanach, ach nam peacach a-chum

aithreachais." Tha na faclan sin ann an Soisgeul Mhata, an naodhamh caibideil aig an treas rann deug. (Mata 9:13) Chan an gar dìteadh ach gar cuireadh a tha losa. Is Esan Caraid nam Peacach. Chan eil E airson gum bi daoine ga dhiùltadh ach a' cur an dòchais ann. Dhearbh E 'na bheatha agus 'na bhàs gu bheil gràdh aige do pheacaich. Bha a naimhdean diombach gu robh E a' gabhail pheacach da ionnsaigh agus ag ithe maille riu.



Bha mi a' cur crìch air *Duilleagan Gàidhlig a' Ghearain* anns na làithean eadar an Nollaig agus a' Bhliadhn'

Ur. Is toigh leam na làithean sin. Chan eil na rathaidean cho trang, Air Latha na Nollaig chan fhaca mi ach aon charbad a' dol seachad ann an uair an uaireadair. Ann an saoghal a tha cho cabhagach agus cho làn fuaime tha sinn a' cur luach air làithean sàmhach. Bidh feadhainn as na bailtean mòra a' cur làithean seachad air an dùthaich far am faigh iad fois. Tha a h-uile seòrsa sìth prìseil. 'S e sìth aon de na beannachdan mòra a tha againn anns an t-Soisgeul.



Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Nì òigear leisg bodach leisg." (A lazy youth will make a brisk old man.) Chan eil

fios againn dè an rathad a ghabhas leanabh nuair a dh'fhàsas e suas. 'S dòcha nach bi e a' coimhead gealltanach nuair a tha e òg. Ach mar a thèid na bliadhnanach seachad tha e a' fàs nas glìce. Thàinig atharrachadh air na deisciobail nuair a bha iad ann an co-chomann losa. Cha robh iad mar a bha iad nuair a lean iad Esan an toiseach. Thug Esan cumadh eile orra. Tha còir againn misneachd a thoirt don òigridh. Faodaidh facal comhairleachadh feum mòr a dhèanamh.



Aon mhadainn aig àm na Nollaig nuair a dh'fhosgail mi na cùirtearan bha ceò ann. Chan fhaicinn

tarsaing an loch. Bha reothadh cruaidh ann cuideachd. Ann an ceann beagan ùine dh'èirigh a' ghrian. Sgap i an ceò. Chithinn a h-uile rud cho soilleir, an loch, a' choille, na beanntan. Tha beatha an duine uaireannan mar sin. Tachraidh rudan dorcha nach eil sinn a' tuigsinn. Ach gheibh sinn solas. Eirigh an ceò a bha a' coimhead cho dùmhail. Thug Dia an salmair a' iomadh àite dorcha.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

EILEAN UAINÈ THIRIODH

Am measg nan leabhraichean tlachdmhor a leugh am Fear-deasachaidh aig àm na Nollaig bha *Eilean Uaine Thiriodh*. 'S e a tha anns an leabhar seo iomradh air beatha, òrain agus ceòl Ethel NicCaluim. Thogadh Ethel ann an eilean Thiriodh agus tha i an-diugh a' fuireach ann an Inbhir Aora. Tha e 'na cùl-taic do na seirbheisean Gàidhlig ann an Earra Ghàidheal Tha sùil againn aithris a dhèanamh air an leabhar tlachdmhor seo ann an iris a' Mhàirt.

AINM BALAICH

Bha e inntinneach a bhith a' leughadh gur e Calum an t-ainm a bu trice a thugadh air gillean a rugadh anns na h-Eileanan an Iar ann an 2014. 'S e ainm math Gàidhealach a tha ann, ann an linn anns am bi pàisdean uaireannan a' faighinn ainmeannan annasach. Tha an t-ainm gar toirt air ais gu Calum Cille aig a bheil àite cho sònraichte ann a bhith a' toirt teachdaireachd an t-Soisgeil a dh'ionnsaigh ar sinnsearan.

RANN

*Earbsa nam beannachd, air los' fhuair mi còir-
Gu cinnteach 's ro-bhlas e air beannachdan glòir,
Oighre air slàint' air a cheannach le los'*

Tro ùr-breith an Spioraid, 's an fhuil ga mo dhion.

Thug sinn luaidh air *Seinneamaid Còmhla*, an co-chruinneachadh ùr de laoidhean Gàidhlig. Seo mar a tha a' cheud rann anns an laoidh ainmeil. *Blessed Assurance*, mar a chaidh eadar-theangachadh le Caitriona NicDhòmhnaill. Bheir an rann seo sealladh dhuinn air cho ealanta agus a tha an t-eadar-theangachadh.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air an duilleig-aghaidh mu leabhraichean a tha air an ainmeachadh anns a Bhioball.

1. Leabhar an lagha. 2. —cuimhne—. 3. Leabhar na beatha.
4. Leabhar an fhàidh Esaias.

ADHBHAR GAIRE

Bha an t-Urr. W. E. Sangster 'na shearmonaiche cumhachdach 'na latha. Bha e cuideachd 'na dhuine eirmseach. Aig toiseach a

mhinistrealachd cha robh an tuarasdail a bha e a' faighinn ach beag. Bhiodh aige ri deich tasdan fichead a chosg a h-uile seachdain air biadh naoidhean. Thubhairt a bhean ris gu robh iad air a bhith pòsta dà bhliadhna agus nach b'urrainn dhi aodach ùr a cheannach dhi fhèin. Ars esan, "Feumaidh mise a dhol don t-seòmar-leughaidh agus aithisg a sgrìobhadh do dh'iris." Rinn e sin agus an ceann beagan ùine thàinig deich tasdan fichead on iris agus fhuair a bhean dreas ùr.

Urnaigh

A Dhè ar Cruthaidheir,
tha do làmh a' riaghladh
ann an ràidhean eadar-dhealaichte.

Thoir dhuinn gràs
ach am faic sinn d'obair
ann an àm an earraich
agus an cruthachadh a' tighinn beò
an dèidh làithean lom a' gheamhraidh.

Gum faic sinn ath-bheothachadh
ann am beatha na h-eaglais
agus ann am beatha na rìoghachd.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Seo sealladh air an robh iasgairan Gàidhealach
agus clann-nighean an sgadain glè eòlach
nuair a bha an t-iasgach air leth trang.
Seo cala Inbhir Uige.
Bhiodh coinneamhan air an cumail
airson an luchd-obrach a bha an sàs
anns an iasgach anns na puirt seo.